

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



\*Please scroll down for English Version\*

## Lèirmheas agus sgrùdadh air dreach-obrach a' Bhùird

Thèid innleachdan ùra a chur an-sàs airson dreach ùr a thoirt air obair Bhòrd na Gàidhlig, agus airson dòighean-obrach a' Bhùird a dhèanamh nas èifeachdaiche. Tha am Bòrd dhen bheachd gun tig piseach air an dòigh anns a bheil buidhnean Gàidhlig 'gam frithealadh an dèidh lèirmheas air dòighean-obrach, agus gu h-àraidh an dòigh anns a bheileas a' làimhseachadh cùisean ionmhais.

Tha am Bòrd cuideachd air dearbhadh gu bheileas a' fasdad dithis eòlaichean a chuidicheas am Bòrd ann a bhith a' dealbh ciamar as fheàrr a thèid am Plana Nàiseanta a lìbhrigeadh agus a choileanadh le bhith nas gleusda agus ro-innleachdail, agus ag amas nas dlùithe air amasan an Riaghaltais.

A' bruidheann an Inbhirnis an dèidh coinneachadh ri riochdairean bho suas gu 20 buidheann Gàidhlig, thuirt Cathraiche Eadar-ameil a' Bhùird, Art MacArmaig: "Tha mi ro-thoilichte daingneachadh gu bheil am Bòrd air an Ollaimh Tormod MacGilliosa, a tha gu bhith a' leigeil dheth a dhreuchd aig Sabhal Mòr Ostaig, fhasdad airson sùil gheur a thoirt air an dòigh anns a bheil sinn an coluadar agus a' dèiligeadh ri buidhnean Gàidhlig eile. An dèidh dhomh fhèin coinneachadh ri diofar bhuidhnean, bidh sin ag atharrachadh cuid de chùisean anns a' bhad, ach an dèan sinn cinnteach gu bheil an t-seirbheis a tha sinn a' taigse do na buidhnean gu lèir aig fior àrd-ìre. Bu chòir dhuinn a bhith nas èifeachdaiche agus nas cunntasail anns gach gnothach ionmhais. Tha fhios agam gu bheil cuid air a bhith a' gearan gu bheil cus obair-pàipear an luib chùisean agus tha e cudromach gum bi sinn a' dèanamh cùisean nas simplidhe agus nas phasa dhan h-uile duine ach am maoinich sinn ar co-oibricean a' lìbhrigeadh a' Phlana Nàiseanta."

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



Tha an t-Oll MacGilliosa a-nis gu bhith a' còmhradh ri buidhnean Gàidhlig a tha 'gam maoineachadh leis a' Bhòrd feuch am faigh e a-mach dè mar a ghabhas piseach toirt air an t-suidheachadh agus mar a ghabhas barrachd feum a dhèanamh dhen taic a tha buidhnean a' faighinn an dràsta. Bidh e a' cruinneachadh bheachdan air an dòigh anns a bheil co-obrachadh a' dol air adhart, agus a' meòrachadh air ceangalan eadar-bhuidhnean. Bheir e cuideachd sùil air an stòras a tha 'ga bhualeachadh air diofar bhuidhnean aig a' cheart àm mu choinneamh an dleastanasan, feuch a bheil cnapan-starra a' nochdad a tha a' cur maill air leasachadh no air adhartas leis a' Phlana Nàiseanta. Agus thèid coimhead air dòighean anns an gabhadh feum nas fheàr a dhèanamh de ghoireasan tro cho-obrachadh agus treòrachadh ann am modhan-obrach agus structaran.

Thuirt an Cathraiche: "Tha e fior dheatamach gun tèid a leithid seo de mhion-sgrùdadh air adhart le na buidhnean Gàidhlig feuch a bheil cumhnantan a' soirbheachadh agus a' tighinn suas ri measadh a' Phlana. Bidh ùidh mhòr aig a' Mhinsitear a tha fo uallach airson na Gàidhlig, Linda Fabiani, ann an teachd-a-mach na h-obrach seo, agus tha e a' cheart cho cudromach gum buinnig sinn na h-amasan a tha fa chomhair an Riaghaltais airson na Gàidhlig, amasan a tha adhartach agus a' taigse iomadh cothrom. Tha dùil gum bi an obair aig Tormod deiseil ro dheireadh Gearran, 2009."

Dhearrbh Rosemary Ward, a tha an dràsta 'na Ceannard Eadar-amail air a' Bhòrd gun deach an craoladair agus eòlaiche mheadhanan Usdean MacIlnnein fhasdadh bhon Bhliadh'n' Ùr, an dèidh taigsean a mheasadh air a' mhìos seo, airson a bhith ag obair páirt-ùine ann a bhith a' dealbh agus a' lìbhrigeadh obair choluadair a' Bhùird. Ann an eadar-ama, bidh e ag obair còmhla ris an Ollaimh MacGilliosa a' measadh coluadar agus obair mheadhanan a' Bhùird mar phìrt dhen lèirmheas fharsainn a tha a' dol air adhart.

Thuirt Mghr MacCarmaig: "Chan eil teagamh nach e àm gu math dùbhlach a tha seo dhan Bhòrd agus na h-uidhir de leasachadh anns an amharc. Bheir na h-atharrachaidhean a tha

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



sinn a' cur an-sàs agus an obair a thathas a' dèanamh tron lèirmheas agus coluadar le buidhnean eile piseach air an obair againn gus am bi na ceanglan again leis a h-uile duine nas èifeachdaiche agus nas buannachdail. Tha mi air leth toilichte gu bheil an dithis seo air tighinn còmhla ris a' Bhòrd leis a mhion-eòlas a th' aca air coimhearsnachd na Gàidhlig. Bidh na mholas iad 'na chuideachadh mòr do na buidhnean ris am bheil sinn a' cumail taic agus a' dèiligeadh bho latha gu latha."

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



## Bòrd na Gàidhlig to implement changes and review plan for future

The Gaelic development agency Bòrd na Gàidhlig has confirmed that following a review of its operating practices, new mechanisms are being put in place to enable other Gaelic organisations to receive a better service and more efficient handling of financial arrangements.

The Bòrd has also confirmed two key appointments which will assist the Bòrd further in ensuring that the National Plan for Gaelic is successfully delivered, improving the Bòrd's handling of planned developments, ensuring they closely aligned with Scottish Government targets.

Speaking after a meeting held in Inverness with nearly 20 representatives of Gaelic organisations working with the Bòrd to deliver the National Plan for Gaelic, Interim Chair Arthur Cormack said: "I am delighted to confirm that Bòrd na Gàidhlig has commissioned Professor Norman Gillies of Sabhal Mòr Ostaig to undertake a thorough review of our role and relationships with other Gaelic bodies. Following discussions I have held with a number of Gaelic bodies, we will be making some changes with immediate effect to ensure first-class delivery of services and relationships, putting in place more efficient but fully accountable funding arrangements. I know that we have been criticised for appearing to be overly bureaucratic and it is important that we simplify our funding processes for key National Plan delivery partners."

Professor Gillies is now engaging with Gaelic organisations currently funded by Bòrd na Gàidhlig and will produce a report with recommendations as to how the Bòrd could build and maintain effective joint working relationships with Gaelic organisations and other stakeholders including public bodies and the Scottish Government. The Report will examine whether Gaelic organisations are adequately resourced to do the work currently being undertaken and identify any barriers to their further development, or engagement in delivering the National Plan for Gaelic. The potential for sharing of office resources and streamlining of structures will also be examined.

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



Mr Cormack added: “It is important that we regularly review the work being carried out by Gaelic organisations and how effective the agreed contracts are in delivering measures within the National Plan for Gaelic. I know that the Minister with responsibility for Gaelic Linda Fabiani will take a keen interest in the way we are conducting this Review and it is important that Bòrd na Gàidhlig can achieve the outcomes the Scottish Government requires for Gaelic, which are ambitious and which offer the language tremendous opportunities. I expect to have Professor Gillies’ report for the Bòrd’s consideration by the end of February 2009.”

The Bòrd’s Acting Chief Executive, Rosemary Ward, also confirmed that, following a tender process conducted this month, Gaelic broadcaster and media consultant Hugh Dan MacLennan has been appointed on a part-time basis from the beginning of the New Year to assist the Bòrd with its communications work and media affairs. Meantime, he will be working closely with Norman Gillies to ensure that Bòrd na Gàidhlig’s communication channels with Gaelic agencies and other bodies are as effective as possible.

Arthur Cormack added: “The Bòrd is going through a challenging period of change and improvement. These appointments, as well as the new measures we have put in place in our dealings with the Gaelic organisations we fund, are crucial to ensuring that we work more effectively with delivery partners and that our communications are first-class. We are delighted to have secured the services of two highly-respected and experienced individuals who are familiar with our own circumstances and know the Gaelic community intimately. This will help us significantly in improving the way we work with our stakeholders.”